



Burkina Faso

Fiosrachadh Bunaiteach

'S e dùthaich gun chladach ann an Afraga an Iar a th' ann am **Burkina Faso**, agus tha crìochan aice ri Màilidh gu tuath, Niger air an taobh an ear, Benin air an ear-dheas, Togo is Ghana gu deas agus Côte D'Ivoire air an iar-dheas. Tha mu 17.3 millean a' fuireach san dùthaich, is tha i mu 274,200 cilemeatair ceàrnagach ann am farsaingeachd. Tha mu 1.7 millean a' fuireach sa phrìomh-bhaile, **Ouagadougou**.

Ged as e **Fraingis** cànan oifigeil na dùthcha, tha còrr is 60 cànan eile gam bruidhinn ann am Burkina Faso. 'S iad Mossi agus Julia na cànan as cumanta, le mu 10 millean gam bruidhinn Chan eil ach 3.7 millean a' cleachdadh na Fraingis, a' mhòr-chuid mar dhàrna cànan.

'S e dùthaich bho chd dha-rìribh a th' innte gun a' mhòr-chuid a' cosnadh ach \$2 no \$3 gach latha.

Cruth-tìre

Ged nach eil a' bheinn as àirde ann am Burkina Faso, **Beinn Tenakourou**, ach 747m a dh'àirde, tha an dùthaich air fad an ìre mhath còmhnaidh aig àirde meadhanach àrd.



Beinn Tenakourou

Tha Burkina Faso na laighe eadar fàsach Sahàra agus Camas Mòr Ghuinea. Ged nach eil uisge anns a h-uile abhainn fad na bliadhna, tha dà abhainn ann a bhios a' ruith fad na bliadhna: Am Volta Dubh agus Abhainn Komoé.

Side

Tha dà ràith ann am Burkina Faso: Ràith an Uisge agus an Ràith Thioram. Bidh Ràith an Uisge eadar an Cèitean agus an t-Sultain. Bidh an tèothachd gu tric a' dol suas gu 40°C agus nas àirde.

Lusan is beathaichean

'S e *savanna* a tha ri fhaicinn sa mhòr-chuid de Bhurkina Faso, ach tha coilltean sa cheann a tuath. Tha am pailteas de bheathaichean Afraganach ann: aillbhein Afraganach, eich-aibhne agus siompansaidhean nam measg.

Eaconamaidh

Ged a tha Burkina Faso làn de stòras nàdarra, leithid òr agus iarann, tha i air tè de na dùthchannan as bochda air an t-saoghal. Tha mu 32% de airgead na dùthcha a' tighinn bho thuathanasachd.

Creideamh

Tha mu 60% nam Muslamaich san dùthaich, 20% nan Crìosdaidhean, agus bidh an còrr a' leantainn chreideamhan traidiseanta Afraganach.

Cultar

Tha masgaichean agus dannsa aig cridhe cultar Bhurkina Faso. Tha iad seo air an cleachdadh ann an dràma shònraichte nach fhaic thu ann an àite sam bith eile air an t-saoghal.



Dràma ann am Burkina Faso